

Ceistean



Thoir sùil air a' chiad pharagraf.

“A’ Ghealaich Ghil...”

1. (a) Dè an cleas-sgrìobhaidh a tha an sgrìobhadair a’ cleachdadh an seo?
(b) Ciamar a tha an cleas-sgrìobhaidh seo èifeachdach?

Thoir sùil air an dàrna paragraf.

2. Thoir seachad abairt a tha a’ toirt fa-near gu bheil miann aig Claude an t-airgead aige a chosg?
3. *“Bha e a’ coiseachd gu stràiceil”*
Ciamar a tha am facal “stràiceil” èifeachdach an seo?

4. (a) Ciamar a tha am puingeachadh a’ toirt fa-near dhan leughadair gu bheil teaghlach Claude beò ann am bochdainn?
(b) Ciamar a tha an taghadh fhacail a’ toirt fa-near dhan leughadair gu bheil teaghlach Claude beò ann am bochdainn?

Thoir sùil air paragraf 4

“Tha na speuran gan togail fhèin an-àird, agus a’ tionndadh an dath gu tuar bainne na bà”

5. (a) Dè an cleas-sgrìobhaidh a tha an sgrìobhadair a’ cleachdadh ann an seo?

(b) Ciamar a tha an cleas-sgrìobhaidh seo èifeachdach?

“an cuan mòr mar neamhnaid bìdeag seachad air na cnuic”

6. (a) Dè an cleas-sgrìobhaidh a tha an sgrìobhadair a’ cleachdadh an seo?

(b) Ciamar a tha an cleas-sgrìobhaidh seo èifeachdach?

Thoir sùil air paragraf 5.

“Ach ... tha aon bheachd-smuain ga fhàgail iomagaineach”

7. (a) Dè an cleas-sgrìobhaidh an tha an t-ùghdar a’ cleachdadh an seo?

(b) Ciamar a tha an cleas-sgrìobhaidh seo èifeachdach?

“Tha aon bheachd-smuain ga fhàgail iomagaineach, ge-tà: Adrienne.”

8. (a) Dè an cleas-sgrìobhaidh an tha an t-ùghdar a’ cleachdadh an seo?

(b) Ciamar a tha an cleas-sgrìobhaidh seo èifeachdach?

Thoir sùil air paragraf 5.

9. Dè tha sònraichte mun dòigh anns a bheil am paragraf seo a’ tòiseachadh?

10. “oidhche a dhunaidh”

Mìnich na tha thu a’ tuigsinn bhon abairt seo.

“boireannach a tha beò air aon adhbhar; los gum bi i a’ frithealadh nam marbh”

11. (a) Dè an cleas-sgrìobhaidh an tha an t-ùghdar a’ cleachdadh an seo?

(b) Ciamar a tha an cleas-sgrìobhaidh seo èifeachdach?

Thoir sùil air paragraf 8.

12. (a) Dè tha sònraichte mu chruth nan seantansan sa pharagraf seo?

(b) Ciamar a tha an cleas-sgrìobhaidh seo èifeachdach?

“Gu fann, cluinnidh e siosarnaich”

13. (a) Dè an cleas-sgrìobhaidh a tha air a chleachdadh ann an seo?

(b) Ciamar a tha an cleas-sgrìobhaidh seo èifeachdach?

Thoir sùil air paragraf 10.

14. Nad fhaclan fhèin, mìnich mar a tha Claude ga dhìon fhèin bho ionnsaigh na muice?

Thoir sùil air paragraf 11.

“Tha am fuaim nas coltaiche ri caoineadh boireannaich”

15. Dè tha an t-ùghdar a’ feuchainn ri thoirt fa-near dhuinn leis na briathran seo.

16. Cò dha a tha Claude a’ mothachadh nuair a tha e a’ cìreadh a ghruaig?

Thoir sùil air paragraf 17

“Tha i a’ dèanamh gàire mar a dhèanadh nathair”

17. Ciamar a tha an samhla de ghàire Adrienne èifeachdach?

Thoir sùil air an loidhne mu dheireadh.

18. (a) Dè tha Claude a’ mothachadh mu làimh Adrienne?

(b) Dè tha seo ag innse dhuinn mu na thachair san sgeulachd roimhe seo?

Beachdaich air an sgeulachd gu h-iomlan

19. Tha an sgeulachd gu lèir air a sgrìobhadh anns an tràth làthaireil. Saoil carson a tha an t-ùghdar a’ taghadh an tràth seo?

20. Tha tòrr fhaclan Fraingis a’ nochdadh san sgeulachd. Dè an doigh anns a bheil seo èifeachdach?

- 21. Tha fuaim drumaireachd a' nochdadh dà thuras san sgeulachd (ann am paragrafan 7 agus 13) Dè tha an drumaireachd seo a' samhlachadh?**

- 22. Tron sgeulachd, tha an t-ùghdar a' toirt fa-near dhuinn mar a tha staid na h-iarmailt agus coltas nan speuran ag atharrachadh. (paragrafan 4 agus 7) Saoil dè tha an iarmailt a' samhlachadh?**